

# Am Prionnsa Teàrlach agus na Seumasaich

---

Tha eadar-theangachadh teacsa nam prìomh-phanaillean airson taisbeanadh a' Phrionnsa Teàrlach agus nan Seumasach san sgrìobhainn seo.

# 1 Am Prionnsa Teàrlach agus na Seumasaich

## An Seumasach romansach

Mhair cùis nan Seumasach fad trì ceud bliadhna. Chaidh a chothachadh ann an cùirtean is lùchairtean na Roinn Eòrpa agus a chathachadh air blàran nan trì rìoghachdan, Alba, Sasainn agus Èirinn. Thàinig e gu crìoch le tìodhlacadh nan trì rìghrean Seumasach ann am Bàislig Naomh Peadair san Ròimh; ach 's e aon duine a sheas an teis-mheadhan na sgeulachd cogaidh, ar-a-maich, fògarrachd, caill is dìoghaltais seo os cionn chàch.

Rugadh Teàrlach Èideard Louis Iain Casimir Sylvester Maria Stiùbhairt san Ròimh 31 dhen Dùbhlachd 1720. B' e am Prionnsa Teàrlach, mar is fheàrr a tha aithne air, dòchas mu dheireadh nan Stiùbhartach fògarraichte 's iad airson an rìoghachd a chaill iad ath-chosnadh. Ged a rinn a ruagadh aig Blàr Chùil Lodair fògarrach dheth, dh'fhàs eachdraidh mhòr mu dhèidhinn nuair a chaidh aige air teicheadh às.

Chaidh cuid a dhealbhan is òrain Sheumasach as ainmeile a chruthachadh ùine mhath an dèidh bàs a' Phrionnsa Teàrlach. Dh'fhàs is bhlàthaich eachdraidh a' Phrionnsa ann am mac-meanmna sgrìobhadairean, peantairean, bàird is luchd-ciùil na 19mh linn. Tha na dealbhan a chruthaich iad nam pàirt de dh'ìomhaigheachd na h-Alba an-diugh agus tha iad a' sìor-ghlèidheadh dealbh dhen Phrionnsa Teàrlach mar Seumasach òg romansach thar nan linntean.

## **Na Seumasaich**

Aon rìgh-shliochd

Dà chùirt

Trì rìoghachdan

Ceithir rìghrean Seumasach

Còig iomairtean Seumasach

Tha eachdraidh nan Seumasach gu math toinnte. Bha aon rìgh-shliochd - na Stiùbhartaich - aig a teis-mheadhan agus iad sin roinnte eadar dà chùirt a rèir creideimh, poileataigs agus cogaidh.

B' e rìgh-chathair nan trì rìoghachdan, Alba, Sasainn agus Èirinn, an duais.

Thugadh buaidh air ceithir rìghrean Seumasach sa bhlàr is rinneadh fògarraich dhiubh agus ghabh iad an uair sin pàirt sna còmhstrithean poilitigeach a bha a' dol air feadh na Roinn Eòrpa.

Ged a rinn na Seumasaich oidhirp còig tursan, cha d'fhuair iad an crùn aca air ais agus choisinn an dìcheall is earbsa nan cùis àite ann an eachdraidh dhaibh.

### **Cò b' iad na Seumasaich ma-thà?**

B' iadsan na daoine a thug taic dhan rìgh Chaitligeach ruaigte, Seumas VII is II. 'S ann on ainm sin, Seumas, a fhuair iad an ainm.

### **Dè bha iad ag iarraidh?**

Bha iad airson na Stiùbhartaich fhògarraichte a thilleadh do rìgh-chathair nan trì rìoghachdan, Alba, Sasainn agus Èirinn.

### **Agus cò am Prionnsa Teàrlach?**

B' e ogha Sheumais VII is II am Prionnsa Teàrlach Èideard Stiùbhart. B' esan an Stiùbhartach fògarrach mu dheireadh a rinn oidhirp air crùn monarcachd Bhreatainn.

## 2 Rìgh-shliochd nan Stiùbhartach

### **Rìgh-shliochd nan Stiùbhartach agus Aonadh nan Crùintean**

Thàinig am Prionnsa Teàrlach o fhear dhe na rìgh-shliochdan as sine san Roinn Eòrpa - na Stiùbhartaich - a riaghlaich Alba o 1371. B' e a shinn-sinn-seanair Seumas VI na h-Alba.

Bha Seumas VI na naoidhean nuair a thàinig e gu bhith na rìgh ann an 1567 an dèidh do dhaoine sparradh air a màthair, Màiri Banrigh nan Albannach an crùn a leigeil dhith. Theich Màiri a Shasainn is i an dòchas gun cuidicheadh Banrigh Ealasaid I oir b' ise nighean bràthair a seanmhar. Ach chaidh a chur dhan phrìosan an àite sin agus bha i ann fad 19 bliadhna gus an deach a cur gu bàs airson traoidhtearachd. Ged a chuir Ealasaid a h-ainm ri barantas-bàis Mhàiri, cha robh gamhlas aig Seumas VI rithe oir cha robh esan dlùth dha màthair fad cuid mhòr a bheatha. Ghiùlain Seumas e fhèin gu fàth faiceallach; cha robh e airson cothrom air rìgh-chathair Shasainn a chall.

B' Ealasaid am monarc Tùdorach mu dheireadh. Chaochail i gun chlann ann an 1603 agus cha robh i air co-arba ainmeachadh. A chionn 's gum b' e mac Mhàiri, Seumas, a bu dlùithe dhi ann an dàimh, fhuair esan an crùn agus rìoghachdan Shasainn agus na h-Èireann.

Chaidh aig na Stiùbhartaich an rud a choileanadh a dh'fhairtlich air càch roimhe - aonadh nan trì rìoghachdan, Alba, Sasainn agus Èirinn, fon aon rìgh - Seumas VI is I.

## **A' mhonarcachd, creideamh agus cumhachd**

Bha ùghdarras rìgh-shliochd nan Stiùbhartach stèidhichte air prionnsabalan monarcachd, creideimh agus cumhachd. Mar mhòran mhonarcachdan eile san Roinn Eòrpa, bha iad a' creidsinn gur ann o Dhia fhèin a thàinig an còir riaghlaidh agus nach robh iad ach fo smachd Dhè fhèin. Nochd a leithid seo a mhonarcachd sna meadhan-aoisean. Nuair a ghabh Seumas VI is I rìgh-chathair nan trì rìoghachdan, bha a' phàrlamaid is radaigich an dà chuid ann an Alba agus Sasainn a' toirt dùbhlàn do chumhachd na monarcachd.

Rinn Ath-leasachadh Pròstanach na 16mh linn sgaradh mòr eadar dùthchannan na Roinn Eòrpa. Dh'fhan an Fhraing, an Spàinnt agus Èirinn Caitligeach ach ghabh a' mhòr-chuid ann an Alba, Sasainn agus sa Chuimrigh ris a' chreideamh Phròstanach. Mar a bha an co-chothrom eadar creideamh agus cumhachd phoilitigeach a' gluasad, bha mòran a-nis a' cur prionnsabal nam monarcachdan o làimh Dhè ann an imcheist.

A dh'aindeoin còmhstri cumhachd eadar an eaglais agus an stàit, dh'fhàg Seumas VI is I monarcachd sheasmhach dha mhac, Teàrlach I. Bha creideamh fiù nas làidire aigesan na bha aig athair sa chòir riaghlaidh o Dhia agus cha do leig Teàrlach dheth gin dhe chumhachd. Leig e a' phàrlamaid mu sgaoil agus rinn e cogadh an aghaidh Alba a thaobh nam poileasaidhean creideimh aige. Rinn na Pàrlamaidich, ris an canar na Cinn-chruinne cuideachd, a' chùis air na Rìoghairean agus chaidh Teàrlach a chur gu bàs. Chaidh monarcachd nan Stiùbhartach a thilgeil sìos le creideamh radaigeach agus cumhachd phàrlamaideach.

## 3 Aiseag an rìgh-shliochd

### Aiseag an rìgh-shliochd

An dèidh teannas riaghladh a' Chrombalaich, bha coltas gun gabhadh a' mhonarcachd a thilleadh. Ged nach robh Pàrlamaid Shasainn na aghaidh, cha robh iad deònach gin dhe na cumhachdan a bha iad air ùr-chosnadh a leigeil seachad a-rithist. Cha robh mòran ann an Alba an aghaidh crìoch an aonaidh a spàrr an Crombalach orra agus chuir a' mhòrchuid fàilte air aiseag na monarcachd Stiùbhartach ann an 1660.

Bha Teàrlach II na fhògarrach is a' fuireach thall thairis nuair a chuir a' phàrlamaid an cèill na bha iad ag iarraidh nam biodh esan airson tilleadh. Dh'aontaich Teàrlach ris na dh'iarr iad, a' gabhail a-staigh maitheanas dhan fheadhainn a bha an aghaidh na monarcachd rè nan cogaidhean sìobhalta. Bha a' phàrlamaid sàsaichte le sin is thug iad cuireadh dha tilleadh.

Chaochail Teàrlach gun oighre. Thàinig a bhràthair beag na àite, Seumas, Diùc Eabhrac, a bha na iompachan Caitligeach. Ged a rinn na Pròstanaich oidhirp Seumas a chumail on rìgh-chathair, bha daoine a' cur fàilte air san fharsaingeachd aig an toiseach. Ge-tà, thàinig atharrachadh air cùisean nuair a thòisich Seumas air an dà chuid a chumhachd phoilitigeach agus a chreideamh Caitligeach a thagradh. Dh'fhàs seo nas miosa nuair a rugadh mac do Sheumas - oighre fireann Caitligeach.

## **Seumas, Diùc Eabhrac agus Albany**

An dèidh aiseag Teàrlach II ann an 1660, thug e ainm Diùc Albany dha bhràthair òg Seumas, Diùc Eabhrac. Rinn e Morair Àrd-chabhlaiche Shasainn de Sheumas cuideachd.

Phòs Seumas Anne Hyde sa bhliadhna ud ach bha mòran dhen bheachd gur e droch-phòsadh a bha ann leis nach robh de thiotalan is inbhe aice. Ghabh ise ris a' chreideamh Chaitligeach tràth nam pòsadh. Agus rinn Seumas mar an ceudna na dèidh.

Bha ochdnar cloinne aca ach cha do ràinig ach Màiri (a rugadh ann an 1662) agus Anna (a rugadh ann an 1665) inbheachd. A dh'aindeoin creideamh an cuid phàrantan, chuir bràthair an athar, Teàrlach II, an ìre gun deach an togail mar Phròstanaich.

Bha faireachdainn làidir an aghaidh Chaitligeach ann an Sasainn agus Alba agus chaidh Achd nan Deuchainn a thoirt a-steach ann an 1673 airson Caitligich a dhùnadh à dreuchdan poblach. Ach an roghainn a chreideamh a dhiùltadh, leig Seumas dheth a dhreuchd mar Mhorair Àrd-chabhlaiche. Bha fios aig a h-uile duine a-nis gun robh e na Chaitligeach agus dh'fhàs an dìmeas air Seumas.

Chaochail a' chiad bhean aig Seumas, Anna, ann an 1671. Phòs e Màiri à Modena an uair sin ann an 1673, bana-phrionnsa Chaitligeach agus leasaich sin mì-earbsa nan daoine.

## **Às-dùnadh agus fògarrachd**

Cha robh ann an Guim a' Phàpa ann an 1678 ach mealladh airson Seumas a chur ann am mì-earbsa agus faireachdainn an aghaidh nan Caitligeach a phiobrachadh. Bhathar a' cumail a-mach gun robh guim Caitligeach ann a bha airson Teàrlach II a mhurt agus rìgh a dhèanamh dhe bhràthair Seumas. Ged nach robh sin fìor, dh'adhbharaich sinn iomairtean ann am Pàrlamaid Shasainn airson Seumas a chumail on rìgh-chathair.

Bha Èiginn an Às-dùnaidh a' dol eadar 1679 is 1681. Chaidh trì bilean a thoirt a-steach dhan phàrlamaid rè na h-ùine ud le pàrtaidh ùr, na Cuigsich, a bha airson Seumas a chumail on rìgh-chathair air sgàth a chreideimh. Ge-tà, bha luchd-taice aig Seumas fhèin sa phàrlamaid. Sheas na Tòraidhean, mar a chante riutha nas fhaide air adhart, a chòraichean monarcach agus cha do shoirbhich leis na bileanaig a' cheann thall.

Chaidh Seumas a chur a Dhùn Èideann dà thuras rè na h-ùine chugallaich seo. Chaidh dreuchd Morair Àrd-choimiseanair na h-Alba a bhuileachadh air, a' chiad Stiùbhartach a chum cùirt aig Lùchairt Taigh an Ròid on a rinn athair Teàrlach I sin ann an 1633.

## **Rìgh Seumas VII is II**

Ghabh Seumas an rìgh-chathair ann an 1685. Rinn Diùc Monmouth, mac dìolain aig Teàrlach II, ar-a-mach na aghaidh airson cumhachd a ghlacadh dha fhèin. Chuir Seumas sìos an t-ar-a-mach agus chaidh Monmouth a chur gu bàs. Chuir Seumas an uair sin an t-arm buan am meud agus thug e dreuchdan poblach do Chaitligeach, rud a bha an aghaidh Achd nan Deuchainn a bha a' toirmeasg dreuchdan mar sin dhaibh.

Thug Seumas a-steach Foirghill an Loghaidh ann an Alba agus Sasainn an uair sin ann an 1687 a thug saorsa do gach creideamh. Bha nàimhdean Sheumais dhen bheachd gun robh airson cumhachd nan Caitligeach a chur am meud agus gun robh seo a' dearbhadh gun robh Seumas a' creidsinn san làn-mhonarcachd.

Dhiùlt seachd easbaigean Sasannach am foirgheall a leughadh san eaglais sa Chèitean 1688, ag ràdh gun deach Seumas thar nan cumhachdan aige leis. Chuir seo fearg mhòr air Seumas is fhreagair e “Thug Dia a' chumhachd riarachaidh seo dhomh agus glèidhidh mise i”. Thug e òrdugh na h-easbaigean a chur an greim ach chaidh an leigeil mu sgaoil an dèidh sin.

## Mac is oighre Caitligeach

Ri linn tagradh Theàrlaich II, phòs an nighean as sine aig Seumas, a' Bhana-phrionnsa Màiri mac piuthar athar, am Pròstanach Uilleam Orains ann an 1677. Dh'fhàg an dithis aca Sasainn an dèidh dhaibh pòsadh agus chaidh iad gu cùirt Uilleim anns na Tìrean Ìsle.

Bha naoinear cloinne aig Seumas VII is II agus a' Bhanrigh, Màiri à Modena, ach cha do ràinig gin dhiubh inbheachd. Bha earbsa a phoball, is a' mhòrchuid dhiubh nam Pròstanaich, gun aisigeadh a' Bhana-phrionnsa Màiri, an ath neach aig an robh còir air an rìgh-chathair, monarcachd Phròstanach.

Nuair a rug a' Bhanrigh Màiri mac, am Prionnsa Seumas Prainnseas 10 dhen Ògmhios 1688, dh'fheuch cuid ri amharas a chur na bhreith. Chùm cuid a-mach gun robh an naoidhean marbh ga bhreith is feadhainn eile nach robh a' bhanrigh leatromach idir agus gun deach naoidhean fireann fallain a shiolpadh a-steach dhan t-seòmar gu dìomhair ann an adhann-bhlàthachaidh.

Cha robh a' Bhana-phrionnsa Màiri na h-oighre aig Seumas tuilleadh ri linn breith a' Phrionnsa Seumas. Dh'fhàg sinn sìor-mhonarcachd Chaitligeach nas dòcha. Thug seachd dhe na nàimhdean as motha aig Seumas cuireadh-rùin dha Uilleam Orains a lunnadh air Sasainn is dùbhlàn a thoirt dha athair-cèile 's a dhaingneachadh còir na Bana-phrionnsa Màiri air an rìgh-chathair.

## 4 Rìgh-shliochd roinnte

### Rìgh-shliochd roinnte

Thàinig Uilleam Orains air tìr ann an iar-dheas Shasainn le 14,000 saighdear san t-Samhain 1688. Bha mòran de luchd-taice Sheumais air ùmhlachd a thoirt dha Uilleam seach Seumas agus cha robh ach feachd beag de shaighdearan Caitligeach Èireannach a' toirt aghaidh air Uilleam aig Reading. Cha robh iad nan coimeas do dh'arm Uilleim a lean air adhart a Lunnainn.

Nuair a thòisich aimhreit an aghaidh nan Caitligeach, chuir Seumas a bhean agus a mhac gu sàbhailteachd san Fhraing. Rinn e oidhirp an leantainn ach chaidh a ghlacadh faisg air a' chosta agus chaidh a thilleadh a Lunnainn. Rinn e oidhirp eile 's shoirbhich leis an turas seo 's ràinig e a theaghlach.

Bha Seumas air a chur roimhe gum faigheadh e a chumhachd air ais is thòisich a luchd-taice air ciad iomairt nan Seumasach. Rinn iad cogadh air dà thaobh agus bha Biceas Dhùn Dè os cionn na h-ionnsaigh ann an Alba. Ann an Èirinn, bha Seumas aig ceann nam feachdan aige an aghaidh Uilleim is arm. Cha deach leotha agus theich Seumas air ais dhan Fhraing far an do dh'fhuirich e mar fhògarrach gu latha a bhàis ann an 1701.

## **Uilleamaich is Seumasaich**

Cho-dhùin Pàrlamaid Shasainn gun robh Seumas air an crùn a leigeil dheth nuair a theich e dhan Fhraing is thairg iad crùn a h-athair dhan Bhana-phrionnsa Màiri. Ghabh i ris ach air cumha 's gun riaghladh i còmhla ri Uilleam Orains. Ghabh a' chàraid rìgh-chathair Shasainn 13 dhen Ghearran 1689 mar Rìgh Uilleam III agus Banrigh Màiri II. Ge-tà, bha an dà chuid Alba agus Èirinn ag aideachadh Seumas mar an rìgh acasan.

Dh'fhan Èirinn dìleas is daingeann na taic do Sheumas ach cho-dhùin Pàrlamaid na h-Alba gun èisteadh iad ri tagradh on dà thagraiche. Bha litir Sheumais làn fearg is diomb; bha an tè aig Uilleam reusanta agus càirdeil. Cho-dhùin a' phàrlamaid gun robh Seumas air a chòir air a' chrùn a chall. Chaidh a thairgsinn dha Uilleam is Màiri a ghabh ris 11 dhen Chèitean 1689.

Mar thoradh air sin, chaidh na trì rìoghachdan a sgaradh eadar dà champa a bha an aghaidh a chèile - Uilleamaich agus Seumasaich - daoine a bha a' cur taic ris a' mhonarcachd ùr fo Rìgh Uilleam III is Banrigh Màiri II agus an fheadhainn a bha dìleas do Rìgh Seumas VII is II thar sàile.

## **Cogadh nan Uilleamach ann an Èirinn**

Dh'fhàg Seumas VII is II an Fhraing le 5,000 saighdear Frangach sa Mhàrt 1689 is rinn iad air Èirinn. Bha earbsa aige ann an taic Caitligich na h-Èireann a bha a' coimhead air mar an rìgh aca fhathast. Fhuair Seumas smachd air an dùthaich agus chuir e arm am meud le saighdearan ùra a chaidh a thogail ann. Cha do sheas ach Uladh ris san tuath, àite far an deach Pròstanaich à Alba agus Sasainn a thuineachadh.

Thàinig Uilleam III air tìr ann an Carraig Fhearghais faisg air Beul Feirste 14 dhen Ògmhios 1690 is chaidh e os cionn an arm aige ann. Bhrosnaich làthaireachd an rìgh na feachdan aig Uilleam agus thug iad buaidh ann an Cath na Bòinne 1 dhen Iuchar. Theich Seumas à Èirinn cha mhòr cho luath 's a chaill e am blàr, thrèig e a luchd-taice Èireannach agus thill e dhan Fhraing. Lean an iomairt air ann an Èirinn gu 1691 nuair a chaill na Seumasach blàr aig Cath Eachroma ann an Gaillimh.

## **Biceas Dhùn Dè agus an dùbhlán ann an Alba**

Bha Iain Greumach Clèabhars na shaighdear-dreuchd a ghabh pàirt ann an Cogaidhean nan Cùmhnantach ann an Alba. Choisinn e an t-ainm Clèabhars Fuilteach air sgàth làimhseachadh brùideil nan Cùmhnantach le feachdan an riaghaltais.

Thug Seumas VII is II urram Biceas Dhùn Dè dha ann an 1688. Bha e làn-dìleas do Sheumas agus chuir Pàrlamaid na h-Alba dearg-fhearg air nuair a cho-dhùin iad taic a chur ri Uilleam is Màiri. Mar dhìoghaltas air seo, thog Biceas Dhùn Dè arm san robh Gàidheil nam mòr-chuid. Chaidh an Seanailear Ùistean MacAoidh, àrd-chomandair feachdan Uilleim ann an Alba, a chur gu tuath airson aghaidh a thoirt air Biceas Dhùn Dè. Thug iad coinneamh d' a chèile ann am Blàr Choille Chnagaidh 27 dhen Iuchar 1689. Chaill feachdan MhicAoidh am blàr ach fhuair Biceas Dhùn Dè leòn bàis.

Bha na Seumasaich a' call dòchas an dèidh dhaibh Blàr Chromdhail a chall sa Chèitean 1690 agus call Sheumais ann an Èirinn. Bha ciad iomairt nan Seumasach ann an Alba seachad mun bhliadhna 1691 ach bha ceannsachadh na Gàidhealtachd an impis tòiseachaidh.

## **Murt Ghleann Comhann**

Bha mòran dhe na cinnidhean Gàidhealach dìleas do Sheumas VII is II thar sàile fhathast agus bha iad buailteach èirigh as leth nan Seumasach a-rithist. Bha Uilleam III gu mòr airson smachd a chumail air a' Ghàidhealtachd agus spàrr e air na cinnidhean bòid dìlseachd a thoirt dha ro 1 dhen Fhaoilleach 1692.

Dh'fhalbh MacIain, ceann-cinnidh nan Dòmhnallach ann an Gleann Comhann, 31 dhen Dùbhlachd airson bòid dìlseachd a thoirt ach thàinig iomadh dàil air a thuras agus cha d'fhuair e cothrom a' bhòid a thoirt gu 6 dhen Fhaoilleach. Ged a fhuair MacIain gealladh nach dèanadh aicheamhal orra, chuir Sir Iain Dhail a' Chruim-puill (Dalrymple), Rùnaire na Stàit airson Alba, roimhe eisimpleir a dhèanamh dhe na Dòmhnallaich. Chuir e Raibeart Caimbeul à Gleann Lìomhann agus aonad de mhailisidh à Earra-Ghàidheal ann air bhuannachas aca,

Bha iad nan aoighean aig na Dòmhnallaich ann fad dà latha dheug agus air 13 dhen Ghearran, choilean iad òrdugh Sir Iain Dhail a' Chruim-puill gach neach fo aois 70 a mharbhadh. Chaidh mu 37 Dòmhnallach, an ceann-cinnidh nam measg, a mhurt.

Chaidh coire a' mhuirt fhàgail air riaghaltas nan Uilleamach agus chaidh Sir Iain Dhail a' Chruim-puill a chuir às a dhreuchd. Dh'fhàs an taic dhan rìgh Seumasach thar sàile air a' Ghàidhealtachd an cois na h-ionnsaigh sgriosail seo.

## 5 Cùirt air fhògarrachd

### Cùirt air fhògarrachd

Chan ann air tubaiste a chuir Seumas VII is II a bhean, Banrigh Màiri agus am mac beag, gu sàbhailteachd na Frainge. Bha Louis XIV an dà chuid am monarc as cumhachdaiche san Roinn Eòrpa, bha e na Chaitligeach agus b' esan mac mhic seanair Sheumais.

Thug Louis Château de Saint-Germain-en-Laye do Sheumas agus Màiri cho luath 's a ràinig iad an Fhraing. Cha robh an château ach beagan mhìltean iar air Paras agus b' e seo an dàrna lùchairt rìoghail as cudromaiche san Fhraing. Bha e air a bhith falamh on a ghluais Louis a' chùirt gu Versailles ann an 1682.

Thug Louis XIV pribhleidean dhan chàraid a rèir an inbhe is thug e airgead do Sheumas na oidhirpean airson a chrùn a ghlacadh a-rithist. An dèidh trì oidhirpean a dh'fhàillig, bha Seumas aontach nach fhaigheadh e a chrùn air ais. B' e an Fhraing dachaidh bhuan an teaghlaich air fhògarrachd a-nis.

Chaochail Seumas ann an 1701 agus dh'aidich Louis Prionnsa na Cuimrigh, mac Sheumais, mar rìgh dligheach nan trì rìoghachdan, Alba, Sasainn agus Èirinn.

## **Bàs Sheumais VII is II**

Thàinig Cogadh nan Naoi Bliadhna san Roinn Eòrpa gu crìoch ann an 1697 le Cùmhnant Ryswick eadar an Fhraing, Caidreachas Mòr Shasainn, na Spàinntean, Impireachd Naomh na Ròimhe agus na Mòr-roinnean Aonaichte.

Mar phàirt dhe na cumhaichean sìthe sa chùmhnannt, b' fheudar dha Louis XIV aideachadh gun robh Uilleam III na rìgh os cionn nan trì rìoghachdan. Ged a dh'aidich e Uilleam, bha e ag aideachadh Seumas VII is II mar rìgh de iure - an rìgh a rèir an lagha agus leis a sin, a mhac Seumas Prainnseas, mar Phrionnsa na Cuimrigh.

Bha Seumas tinn fad grunn bhliadhnaichean ro bhàs ann an 1701. Thug e comhairle dha mhac a bhith "nad dheagh Chaitligeach, umhal do Dhia agus dhan Bhanrigh, do màthair, agus an dèidh Dhè, d' earbsa a chur ann an Rìgh na Frainge".

Dh'aidich Louis am prionnsa nach robh ach 13 bliadhna a dh'aois mar Rìgh Seumas VIII is III agus ghabh e a chùram mar gum b' e mac aige fhèin a bha ann, air an aon chumha 's gum fanadh Seumas na Chaitligeach.

## Dàimhean rìoghail

Rinn Louis XIV a dhìcheall airson an crùn aiseag do Sheumas. Ge-tà, bha e a' cur taic dha air sgàth adhbharan poilitigeach aige fhèin nach robh co-cheangailte ri dìlseachd teaghlaich idir.

B' e Louis XIV am monarc as cumhachdaiche san Roinn Eòrpa. Chaidh aig Uilleam III, a bha na rìgh os cionn nan trì rìoghachdan a-nis, caidreachas mòr cumhachdach a stèidheachadh leis an Spàinnt, Impireachd Naomh na Ròimhe agus na Mòr-roinnean Aonaichte (na Tìrean Ìsle an-diugh) an aghaidh na Frainge. 'S e Cogadh nan Naoi Bliadhna a tha air a' chòmhstri seo. Bha an caidreachas airson casg a chur air fàs rìoghachd Louis XIV. Bha dùil aig Louis is e a' cur taic ri aiseag Sheumais gun lagaicheadh an caidreachas nam biodh aig Uilleam aire thoirt do dhùbhlán o Sheumas VII is II.

Bha Seumas cinnteach gun tilleadh e gu cumhachd le taic na Frainge. Ge-tà, an dèidh grunn oidhirpean gun soirbheas, chunnaic e nach fhaigheadh e an crùn air ais gu bràth agus, leagte ri fhreastal, choisrig e e fhèin gu beatha chràbhaidh theannasach. Bha na Seumasaich thar sàile a' cur dòchas ann an aiseag mac Sheumais, am Prionnsa Seumas Prainnseas, a-nis.

## Teaghlach air fhògarrachd

Dh'òrdaich Louis XIV gun rachadh Château Saint-Germain-en-Laye àirneiseachadh o na taighean-stòrais rìoghail. Thug e peinnsean bliadhnaile fialaidh do Sheumas a thug comas dha cùirt mhòr dhrùidhteach a chumail is mu mhìle duine ann. Bha a' chuid as motha dhe na cùirtearan nan Sasannaich ach bha Albannaich, Èireannaich, Fraingich agus Eadailtich ann cuideachd.

A dh'aindeoin briseadh is milleadh dùil is iad air fhògarrachd, thug breith an nighean toileachas mòr do Sheumas VII is II agus Banrigh Màiri. Rugadh a' Bhana-phrionnsa Louise-Marie ann an 1692 agus chaidh a h-ainmeachadh mar urram dhan fhear a bha cho fialaidh dhaibh, Louis XIV, a dh'aontaich a bhith na ghoistidh dhi. Chaidh an dà chuid Prionnsa na Cuimrigh agus a' Bhana-phrionnsa Louise-Marie an togail mar Chaitligich chràbhach.

Thadhail an teaghlach air Versailles gu tric, a' gabhail pàirt ann am fleadhan oifigeach agus tlachd ann am fèistean, rudan mar dhealbh-chluichean is ballet agus chaidh Louis a shealg leotha gu tric sna pàircean rìoghail.

Ged a bha iad a' gabhail tlachd sa ghreadhnas rìoghail, b' e am miann as motha aca gum faiceadh iad Seumas ainmichte mar cho-arba athar. Bha e cudromach mar sin gum fanadh a' chlann rìoghail follaiseach fhad 's a bha iad air fhògarrachd. Dh'iarr an rìgh agus a' bhanrigh air luchd-ealain grunn phortraidean de Sheumas Prainnseas agus Louise-Marie a pheantadh a chuir iad gu luchd-taice nan Seumasach ann am Breatainn.

## **6 Dùbhlain Sheumais VIII is III**

### **Dùbhlain Sheumais VIII is III**

Bha Seumas 13 bliadhna a dh'aois nuair a chaidh aideachadh mar rìgh dligheach na h-Alba, Shasainn agus na h-Èireann le Louis XIV, Philip V na Spàinntean agus am Pàpa Clement XI. Ge-tà, dhiùlt a leth-phiuthar, Banrigh Anna, aideachadh mar a h-oighre dligheach air sgàth a chreideimh Chaitligich.

Rinn Seumas oidhirp air crùn Bhreatainn ann an 1708, 1715 agus 1719. 'S e Achd an Aonaidh ann an 1707 a chuir spionnadh san dùbhlain a thug e ann an 1708. Chaidh crùn Bhreatainn do Thaigh Hanòbhair ann an 1714 an dèidh bàs Banrigh Anna. Bha mòran a bha an aghaidh cùis nan Seumasach roimhe ag iarraidh tilleadh rìgh Stiùbhartaich a-nis agus dh'adhbharaich seo an dùbhlain ann an 1715. 'S e dùbhlain gun a leithid a bha seo – am measg còig dùbhlain nan Seumasach ann am Breatainn, chaidh am fear seo a thoirt gu bhuil gun fheachd o taic o thall thairis.

Fhuair na dùbhlain ann an 1708 agus 1719 taic o chumhachdan thall thairis, on Fhraing agus on Spàinnt. Bha aon seach aon dhiubh a' cur taic do chùis nan Seumasach air sgàth an cuid amasan poilitigeach fhèin.

## **An rathad gu aonadh**

Bha e follaiseach nach tilleadh co-arba Pròstanach eile gun spàirn mun bhliadhna 1700. Cha robh clann a mhair beò aig Uilleam is Màiri no aig Anna, piuthar Mhàiri no na daoine eile faisg air an rìgh-chathair.

Ghabh Pàrlamaid Shasainn ri Achd an Rèiteachaidh ann an 1701 a dh'ainmich am Pròstanach Sophia Hanòbhair mar oighre do rìgh-chathair Shasainn is na h-Èireann. Bu Sophia ban-ogha Sheumais VI is I, an rìgh Stiùbhartach a dh'aonaich na crùintean ann an 1603. Cha deach beachd Alba iarraidh mu dhèidhinn Achd an Rèiteachaidh ann an Sasainn agus ri linn, ghabh iad ri Achd na Tèarainteachd ann an 1704. Thuirt an t-achd gum biodh an co-arba Albannach Pròstanach cuideachd agus gun co-dhùnadh Pàrlamaid na h-Alba cò rachadh ainmeachadh ann an neo-eisimeileachd o Shasainn. Ghabhadh seo fhuasgladh nam faigheadh freagairtean air cùisean-gearain na h-Alba a thaobh poileataigs agus malairt.

Thug Sasainn a-steach Achd nan Allmharach ann an 1705. Ghabh e a-steach peanasan malairt an aghaidh Alba a thogadh iad nan rachadh Achd na Tèarainteachd a ghairm air ais ann an Alba agus nan tòisich iad air conaltradh mu aonadh an dà phàrlamaid.

## **Achd an Aonaidh**

Chaidh Anna na banrigh os cionn nan trì rìoghachdan ann an 1702. Thug ise gu buil rud a bha do-dhèanta ann an sùilean mòran – aonadh pàrlamaid na h-Alba agus Shasainn. Dh'fhàillig gach oidhirp roimhe ach air a' 1 dhen Chèitean 1707, chaidh an dà phàrlamaid a leigeil mu sgaoil agus chaidh Pàrlamaid Rìoghachd Aonaichte Bhreatainn a stèidheachadh aig Lùchairt Westminster ann an Lunnainn.

Bha adhbharan èiginneach aig an dà thaobh airson an aonaidh. Bha Pàrlamaid na h-Alba a' gabhail ri achdan air an robh buaidh air malairt, monarcachd is poileasaidh cèin a bha ann an còmhstri le poileasaidhean Shasainn. Bha Sasainn feumach air an aonadh airson an dà dhùthaich a chur a rèir a chèile. 'S e buannachdan ionmhasail an aonaidh a bha fa-near do dh'Alba. Chuir mòran Albannach airgead ann an sgeama Darien anns na 1690an. Bha an sgeama seo airson tuineachadh Albannach a stèidheachadh ann am Panama 's e a' gealltainn slighe malairt luachmhor tron dùthaich. Dh'fhàillig e agus bha Alba an impis dunaidh eaconamach.

Cha robh a h-uile duine dèidheil air an aonadh agus cha robh e furasta an dà rianachd a cho-aonadh san aon phàrlamaid.

## **Dùbhlàn nan Seumasach ann an 1708**

Chuir Achd an Aonaidh spionnadh ann an dùbhlàn nan Seumasach ann an 1708. Bha mòran Albannach feargach gun robh iad fo riaghladh aon phàrlamaid ann an Lunnainn a-nis. Dh'fhàs an taic dha na Seumasaich agus bha an t-àm ceart airson ar-a-mach. Mhaoinich Louis XIV iomairt Sheumais. Bha Louis an sàs ann an cogadh an aghaidh Bhreatainn mu cho-arba na Spàinntean agus bha fhios aige gun tairngeadh ar-a-mach aire nam feachdan Breatannach air falbh.

Cha robh san oidhirp seo ach dearg-bhùrach. B' fheudar do chabhlach na Frainge feitheamh fhad 's a bha Seumas a' slànachadh an dèidh na griuthraich agus cha b' e ionnsaigh gun fhiosta a bha ann tuilleadh. Nuair a ràinig iad Linne Foirthe air taobh an ear na h-Alba, bha an Cabhlach Rìoghail a' feitheamh orra. Bha Seumas ag iarraidh air tìr ach dhiùlt an comandair Frangach, Comte de Forbin, sin a dhèanamh. Fo ionnsaigh a' Chabhlaich Rìoghail, theich iad air ais dhan Fhraing le Seumas air bòrd fhathast is dearg-fhearg air.

## **Dùbhlán nan Seumasach ann an 1715**

Nuair a bhàsaich Banrigh Anna ann an 1714, thàinig Achd an Rèiteachaidh gu buil. Mhair Anna beò dà mhìos nas fhaide na Sophia Hanòbhair agus ghluais an crùn do mhac Shophia, Seòras. Ghabh Taigh Hanòbhair àite rìgh-shliochd nan Stiùbhartach.

Fo Achd an Aonaidh, dh'aontaich na h-Albannaich ri rìgh-shliochd Hanòbhair. Ach nuair nach do nochd na buannachdan eaconamach a chaidh a ghealltainn do dh'Alba san Aonadh, dh'fhàs fearg is mìothlachd san dùthaich. Nuair a ghabh Seòras Hanòbhair an rìgh-chathair, bha mòran Albannach airson aiseag nan Seumasach. Bha taic air a shon ann an taobh tuath Shasainn cuideachd agus ged a chaidh mòran dhe na Seumasaich Sasannach a chuir dhan phrìosan mu thràth, bha coltas nach gabhadh ar-a-mach a sheachnadh.

Chaidh Iarla Mhàrr, fear-taice mòr an Aonaidh, a chuir às a dhreuchd leis an rìgh ùr. Dh'fhàg e Lunnainn is thàinig e a dh'Alba far an do thog e arm san robh barrachd air 15,000 fear ann an ainm Sheumais VIII is III thar sàile. T

Chuir iad cath Blàr an t-Siorraim an 13mh latha dhen t-Samhain 1715. Ged a bha fad a bharrachd Sheumasach ann an coimeas ri feachdan an riaghaltais fo Dhiùc Earra-Ghàidheal, cha robh e follaiseach cò bhuanach. Ann an Sasainn, chaill na Seumasaich Blàr Phreston.

Ged a ràinig Seumas VIII is III Ceann Phàdraig 22 dhen Dùbhlachd 1715, cha do bhrosnaich sin taic mhòr dha. Rinn e air an Fhraing còmhla ri Iarla Mhàrr 4mh dhen Ghearran. Bha tòiseachadh gealltanach aig an ar-a-mach seo ach cha deach leis na Seumasaich an cois droch-stiùireadh cogaidh.

## **Dùbhlàn nan Seumasach ann an 1719**

Chaochail Louis XIV ann an 1715 agus cha tug an Fhraing, a bha a-nis airson an dàimh ri Breatainn a neartachadh, taic do chùis nan Seumasach tuilleadh. Bha aimhreit air èirigh eadar an Spàinnt agus Breatainn.

Mhol Càirdineal Alberoni, fear-poileataigs àrd-amasach ann an seirbheis Filip na Spàinnte, taic a chur ri aiseag Sheumais VIII is II a bha air fhògarrachd fhathast. Nan rachadh leotha, bhiodh caidreabhach Caitligeach cumhachdach aig an Spàinnt san Roinn Eòrpa.

Chaidh aontachadh gun rachadh Seumas dhan Spàinnt gu dìomhair agus gun seòladh e a Bhreatainn nuair a bhiodh an lunnadh a' dol. Chuireadh na Spàinntich feachd lunnaidh beag air tìr taobh an iar na Gàidhealtachd a thairngeadh aire air falbh on lunnadh nas motha a bha fa-near dhaibh ann an iar-dheas Shasainn.

Thàinig am feachd beag air tìr mar a bha dùil ach chaidh an cabhlach mòr a sgrios le stoirm. Cha robh fhios aig arm nan Seumasach gun deach e fodha agus stèidhich na Spàinntich am prìomh-àras ann an Caisteal Eilean Donnain. Bha fhios aca nach tigeadh barrachd taic on Spàinnt ach bha iad suidhichte cogadh a dhèanamh co-dhiù. Chaill na Seumasach Blàr Ghleann Seile 12 dhen Ògmhios 1719 an aghaidh arm an riaghaltais. Mhol na cinn-fheachd gun sgaoileadh na Gàidheil iad fhèin fhad 's a strìochdadh na Spàinntich. Chaidh an cur am prìosan ann an Dùn Èideann agus chaidh an leigeil mu sgaoil an ceann greis agus an tilleadh dhan Spàinnt.

## **Cùirt siubhail 1713-19**

Thàinig Cogadh Co-arbas na Spàinntè gu crìoch le Cùmhnant Utrecht ann an 1713. Dh'iarra Breatainn, mar chumha, nach toireadh Louis XIV taic armailte do Sheumas VIII is III tuilleadh agus gun ruaigeadh iad e às an Fhraing.

Chaochail piuthar Sheumais, Louise-Marie, dhen bhreac ann an earrach 1712. Bhuail a bàs air Seumas gu trom agus rinn e ullachadh a ghluasad gu Bar-le-Duc ann an Diùcachd neo-eisimeileach Lorraine. Thug an diùcachd fasgnadh do chùirt Sheumas eadar 1713 agus 1715. Nuair a chaochail Louis XIV san t-Sultain 1715, chaill Seumas a chaidreabhach as motha. Dh'fhàs seo follaiseach nuair a thill Seumas à Alba ann an 1715 an dèidh dhan ar-a-mach fàilligeadh. Dhiùlt an tànaistear Philip II, Diùc Orléans, a bha an aghaidh nan Seumasach, a leigeil air ais a Lorraine.

Chaidh Seumas a dh'Avignon, ranntair a' Phàpa san Fhraing, agus dh'fhuirich e ann cha mhòr bliadhna. Thug Philip II air Seumas imrich a-rithist ann an 1717. Ràinig e Stàitean a' Phàpa agus stèidhich e cùirt aig Urbino.

Chaochail màthair Sheumais, Màiri à Modena, aig St Germain-en-Laye 7 dhen Chèitean 1718. Lean a' choimhearsnachd mhòr de Sheumasaich air fuireach ann an dèidh sin ach cha robh e na chùirt rìoghail tuilleadh. Stèidhich Seumas cùirt Sheumasach bhuan san Ròimh ann an 1719.

## 7 Tha a h-uile rathad a' dol dhan Ròimh

### **Tha a h-uile rathad a' dol dhan Ròimh**

Thòisich deasbad leis a' Phàpa Clement ann an 1718 mu phalazzo iomchaidh do Sheumas VIII is III san Ròimh. Bha am Palazzo Muti a' freagairt air Seumas glè mhath; bha e mòr gu leòr airson cùirt nan Seumasach air fad, bha e faisg air lùchairt a' Phàpa, an Quirinale, agus bha gàrradh aige.

Phàigh taigh-ionmhais a' Phàpa air a shon is thug iad Palazzo del Re – Lùchairt an Rìgh – air an togalach seo às an t-seachdamh linn dheug agus ghabh Seumas còmhnaidh bhuan ann.

Phòs Seumas VIII is III a' Bhana-phrionnsa Phòlainneach Maria Clementina Sobieska ann an 1719, dalta-baistidh a' Phàpa Clement XI, a dh'aidich iad mar rìgh is banrigh dhligheach Bhreatainn.

Bha dithis mhac aca – am Prionnsa Teàrlach Èideard a rugadh ann an 1720 agus am Prionnsa Eanraig Benedict ann an 1725. Thug an nàimhdean “An Tagarach Òg” agus “An Seann-tagarach” air Teàrlach 's athair.

Dh'ainmich Seumas a mhac Teàrlach mar an tànaistear aige 23 dhen Dùbhlachd 1743. Rinn Teàrlach air an Fhraing ann an 1744 is rinn e a' chiad cheum a chum crùn athar fhaighinn air ais. Lean Eanraig Teàrlach ann an 1645 agus dh'fhan Seumas san Ròimh, a' feitheamh naidheachd an dàin.

## **Seumas agus Maria Clementina**

Chaidh Seumas a Bhologna ann am foghar 1718 a dh'fheitheamh air Maria Clementina. Fhuair e naidheachd 22 dhen Dàmhair gun deach a chur an sàs agus gun robh i fo ghlas ann an Caisteal Innsbruck san Ostair.

Bha Seòras I gu mòr airson casg a chur air a' phòsadh is eagal air gun èireadh barrachd thagraichean Stiùbhartach airson rìgh-chathair Bhreatainn. Dh'iarr e air Impire Naomh na Ròimhe, Teàrlach VI, Maria Clementina a chur an sàs agus dh'fhan i fo ghlas ann an Innsbruck fad grunn mhìosan.

Dh'iarr Seumas air Séarlas Úgán, Seumasach Èireannach, Maria Clementina a shàbhaladh agus rinn e sin sa Ghiblean 1719. Ràinig Maria Clementina an Eadailt mu dheireadh thall ach bha Seumas air an Eadailt fhàgail, a' dèanamh air an Spàinnt airson an dùbhlán mu dheireadh, an treas fear, air rìgh-chathair Bhreatainn a dhèanamh. Bha e air stiùireadh fhàgail gum bu chòir pòsadh ionaid a dhèanamh agus rinneadh sinn 9 dhen Chèitean 1719 ann am Bologna. Nuair a thill Seumas às an Spàinnt, rinn a' chàraid pòsadh foirmeil ann am Montefiascone san t-Sultain 1719.

## **Dàimhean rìoghail**

Bha Maria Clementina beòthail sgafanta agus bha sradag innte 's leis a sin, bha aimhreit eadar ise 's an duine aice gu tric. Tràth sa phòsadh, dh'fhàs Maria Clementina doicheallach mu na trì rùnaich as fhaisge air Seumas, Seumas Moireach, a phiuthar Marsaili agus an duine aice, Iain Hay. Bha an triùir nam Pròstanaich agus dhùisg sin amharas Maria.

Bha dithis mhac aig Seumas agus Maria – am Prionnsa Teàrlach Èideard a rugadh 31 dhen Dùbhlachd 1720 agus am Prionnsa Eanraig Benedict a rugadh 6 dhen Mhàrt 1725. Chaidh an dàimh eatarra am mìosad gu luath nuair a dh'ainmich Seumas am Moireach mar fhear-aire a' Phrionnsa Teàrlach. Bha Maria a' faireachdainn nach robh fuasgladh eile aice ach Seumas fhàgail agus a dhol gu clochar.

Bha am Pàpa taiceil dha Maria agus leis a sin, bha an sgaradh na adhbhar-nàire agus adhbhar-dochainn do Sheumas. Dh'imrich e a Bhologna leis an dithis mhac aige ann an 1726 agus dh'fhan iad ann gu 1729. Rinn a' chàraid ath-rèiteachadh aig a' cheann thall gu poblach ach dh'fhan iad air leth o chèile nam beatha phrìobhaideach. Lean Seumas Moireach air mar fhear-aire Theàrlaich.

Dh'fhàs Maria tinn agus cha robh i ach 32 nuair a chaochail i ann an 1735. Chaidh Maria Clementina a thìodhlacadh ann am Bàislig Naomh Peadar san Ròimh, urram a fhuair dìreach aon bhanrigh eile.

## **Fear a bu dual dha riaghladh**

Mar am mac as sine, chaidh am Prionnsa Teàrlach a thogail mar am fear a bhiodh na rìgh latha agus fhuair e foghlam d' a rèir. Mar ullachadh airson cogadh, chaidh a chur gu Sèist Gaeta nuair a bha e ach 13 airson 's gum biodh cothrom aige obrachadh an airm fhaicinn. Bha fiamh mòr air Eanraig, a bha còig bliadhna nas òige, ro bhràthair agus bha fearg air nuair nach d'fhuair e cead a dhol ann còmhla ri bhràthair.

Bha ceòl san dithis aca. Sgrìobh Iain Hay mu Theàrlach: “'s e fear-ciùil mòr a th' ann agus cluichidh e fhìdheall gun sgur”. Nuair a bha Teàrlach sia, thuirt Seumas MacGilleSheumais, tosgaire ann an St. Petersburg agus Seumasach ainmeil: “A bharrachd air a bhòidhchead, tha e annasach dè cho deas-làmhach is gràsmhor a tha e... Chan robh e dìreach comasach air leughadh ach cuideachd air marcachd agus urchair a thilgeil... Tha Beurla, Fraingis agus Eadailtis fhileanta aige agus is esan am Prionnsa as foirfe a thachair mi ris nam bheatha”.

Bha Teàrlach mar a mhàthair na nàdar, a' dol eadar meallan aoibhneis is truimeid-inntinn. Bha Eanraig fada nas coltaiche ri Seumas, nas sàmhaiche agus stòlda agus, mar athair, na Chaitligeach cràbhach.

## Seumasaich air ainm

Lean mòran Albannach Seumas VIII is III thar sàile an dèidh ar-a-mach 1715 agus chaidh feadhainn eile dhan chùirt san Eadailt. Bha na Pròstanaich Iain is Marsaili Hay, Tighearna is Baintighearna Inbhir Nis nan Seumasach agus Seumas Moireach, Tighearna Dhùn Bharra nan Seumasach. Bha a' chùirt bheag san Ròimh fo bhuaidh nan Hays is nam Moireach.

Cha robh na Pàpan ag aideachadh monarcan Hanòbhair agus leis a sin, cha robh ambasaid Bhreatannach san Ròimh. Ri tìde, bha cùirt nan Seumasach na ambasaid mas-fhìor airson Breatannaich is Èireannaich a bha a' tadhal air an Ròimh, le dotairean aig an robh Beurla agus dìon dioplòmasach. B' an Dotair Seumas Irbhinn aon dhe na dotairean aig a' chùirt. B' e Seumas Edgar rùnaire prìobhaideach an rìgh agus dhèilig esan ri co-sgrìobhadh an rìgh. Bha e am fastadh Sheumais barrachd air dà fhichead bliadhna.

Bha an 3s Diùc Pheairt am measg nan Seumasach ann an Alba agus thug e airm Ghàidhealach agus fèileadh dhan Phrionnsa Teàrlach mar thìodhlac. Bha mòran Thòraidhean ann an Sasainn a' cur taic ris na Stiùbhartaich thar sàile fhathast. Bha Sir John Hynde Cotton nam measg, BP aig an robh co-sgrìobhadh le Seumas VIII is III agus a thug brosnachadh dha na Frangaich Sasainn a lunnadh le arm.

## **Falbham an tòir trì crùintean**

Thòisich na Seumasaich air barrachd dòchais a chur san dà phrionnsa Stiùbhartach òg. Airson an cumail follaiseach mar oighrean dligheach rìgh-chathair Bhreatainn, dh'iarr Seumas air luchd-ealain mòran dhealbhan dhe mhic a pheantadh, gan sealltainn an dà chuid le suaicheantas Òrdugh a' Ghartain Sasannach agus Òrdugh a' Chluarain Albannach.

Bha soirbh-dhùil aig na daoine ann am Palazzo del Re gum faigheadh Teàrlach air ais crùintean athar is a sheanar. Bha fios aig Seumas ge-tà gun crochadh aiseag nan crùintean air taic armailteach na Frainge.

Dh'èirich cogadh eadar an Fhraing agus Breatainn a-rithist ann an 1743 agus dh'ainmich Seumas Teàrlach mar a thànaistear aig deireadh na bliadhna ud. Bha ùghdarras aig a' Phrionnsa Teàrlach a-nis rudan a dhèanamh ann an ainm Sheumais. Dh'fhàg e an Ròimh ann an dìomhaireachd is rinn e air an Fhraing a chothachadh taic o Louis XV. Bha an dùbhlán Seumasach mu dheireadh air tòiseachadh.

## 8 Am Prionnsa Teàrlach agus dùbhlàn mu dheireadh nan Seumasach

---

### Am Prionnsa Teàrlach agus dùbhlàn mu dheireadh nan Seumasach

Bha ann nàimhdeas eadar Breatainn is an Fhraing aig àirde ann an 1744. Bha Louis XV deònach taic a chur ri lunnadh Seumasach agus fhuair am Prionnsa Teàrlach Èideard cuireadh dhan Fhraing is iad am beachd gum biodh esan os cionn an fheachd seo as leth athar, Seumas VIII is III. Dh'fhàg am prionnsa an Ròimh gu dìomhair agus rinn e air an Fhraing ach chaidh am plana seo a chur gu taobh nuair a sgrios stoirm cabhlach na Frainge.

Thug Teàrlach seachad bliadhna a' tagairt airgead air Louis XV airson lunnadh eile agus chuir e roimhe an uair sin an gnìomh a ghabhail os làimh e fhèin. Bha Teàrlach bras a-riamh agus làn-chinnteach gun èireadh na cinnidhean Gàidhealach às a leth agus ri linn sin, fhuair e long a thug esan agus seachdnar a luchd-taice a dh'Alba.

Chan robh a h-uile duine a' cur fàilte air a' phrionnsa òg. Nuair a thuirte cuideigin ris tilleadh dhachaidh, dh'fhreagair e "A dhuine, 's e tilleadh dhachaidh a rinn mi... Tha mi làn-chinnteach gun seas na Gàidheil dhìleas còmhla rium". Fad grunn mhìosan, dh'èirich na mìltean as leth cùis a' phrionnsa agus bha coltas gun rachadh aig na Seumasaich làmh an uachdar fhaighinn.

Ach as t-earrach 1746, bha e follaiseach nach robh arm nan Seumasach nan coimeas dha feachdan sàr-rianail Hanòbhair. Nuair a chaidh iad an aghaidh a chèile 16 dhen Ghiblean aig Cùil Lodair, rinn iad dubh-ruagadh air na Seumasaich agus rinn iad droch-dhìol brùideil air daoine air feadh na Gàidhealtachd. Fhuair Teàrlach car mu chnoc a ghabhail air feachdan Hanòbhair fad còig mìosan is sheòl e air ais dhan Fhraing aig a' cheann thall, a' fàgail cùis nan Seumasach na òirnean.

## **À Èirisgeigh a Dhùn Èideann**

Chaidh am Prionnsa Teàrlach Èideard agus a chuideachd air tìr ann an Èirisgeigh 5 dhen Iuchar 1745. Choinnich am prionnsa ri Alasdair Mòr Bhaghasdail beagan an dèidh sin agus thug Fear Bhaghasdail rabhadh dha nach cuireadh mòran dhe na cinnidhean taic dha. Cha do chuir seo bacadh air a' phrionnsa agus fhuair e aiseag a-null gu tìr-mòr na h-Alba.

Bha Teàrlach gu math impidheach drùidhteach agus choisinn e taic Chamshroin Loch Iall. Bha taic Chamshroin cudromach agus bhrosnaich e feadhainn eile a dh'ionnsaigh cùis a' phrionnsa. Thog am prionnsa bratach nan Stiùbhartach aig Gleann Fhionnainn 19 dhen Lùnastal.

Bha fathann air a dhol mun cuairt fad greis gun do ràinig am prionnsa Alba. Turas a bha fios aig an riaghaltas gun robh am prionnsa air a' Ghàidhealtachd, chuir iad feachd shaighdearan-coise beag gu tuath is Sir Iain Cope os a chionn. Dh'fhairtlich air an dà thaobh a dhol am bad a chèile agus choisich arm nan Seumasach deas a Dhùn Chailleann is Peairt. Bha smachd air Dùn Èideann aig arm nan Seumasach 17 dhen t-Sultain.

## **Lùchairt Taigh an Ròid**

Bha campa a' phrionnsa taobh a-muigh Dhùn Èideann agus thòisich iad air gèilleadh a' bhaile a dheasbad. Ach leis gun robh arm Sir Iain Cope a' tighinn am fagas, b' fheudar dhaibh am baile a cheannsachadh ann an cabhag. Chuir am prionnsa Camshron Loch Iall agus mu 900 Gàidheal a ghlacadh a' bhaile. Rinn iad sinn gu sgiobalta. Chaidh geata a' bhaile fhosgladh airson carbad a leigeil a-steach agus ruith fir Loch Iall a-steach is rinn iad a' chùis air freiceadan a' bhaile. Cha do sheas ach an gearastan Hanòbhair aig Caisteal Dhùn Èideann.

Ràinig am prionnsa Lùchairt Taigh an Ròid agus thog luchd-taice nan Seumasach iolach àrd. Chaidh e fo ghearradh-airm nan Stiùbhartach a tha snaidhte os cionn dorsan na lùchairte agus a-steach do dhachaidh a shinnsirean. Lùb Seumas Hepburn Chè a ghlùin air a bheulaibh an uair sin. Tharraing Hepburn a chlaidheamh agus choisich e gu foirmeil air beulaibh a' phrionnsa 's e ag imeachd tron lùchairt. Chaidh Seumas VIII is III èigheach mar rìgh 17 dhen t-Sultain agus chaidh Teàrlach a dhearbhadh mar thànaistear.

## **Blàr Shliabh a' Chlamhain**

Sheòl Sir Iain Cope à Obar Dheathain 15 dhen t-Sultain is e am beachd stad a chur air arm nan Seumasach mus ruigeadh iad Dùn Èideann ach bha am prionnsa air am baile a cheannsachadh mar-thà. Chaidh Cope air tìr aig Dùn Bharra 17 dhen t-Sultain agus choisich iad a dh'ionnsaigh Dhùn Èideann.

Chuala am prionnsa naidheachd gun robh Cope a' dlùthachadh agus dh'fhalbh e dhan ear leis an arm aige 's rinn iad campa faisg air Prestonpans. Thug am prionnsa is na Seumasaich buaidh sa chiad bhlàr mhòr san iomairt seo 21 dhen t-Sultain. Chaidh mòran dhe na saighdearan aig Cope a bha òg is gun eòlas an ruagadh gu tur an cois ionnsaigh luath 's gharg nan Gàidheal.

Bha na Gàidhlig air an talamh àrd agus bha sin a' freagairt gu math air an dòigh an robh iad a' cogadh. Nuair a thugadh na Gàidheil ionnsaigh, dhèanadh iad deann-ruith a dh'ionnsaidh an nàimhdean, losgadh iad orra leis na musgaidean aca 's iad gan tilgeil air falbh an uair sin agus a' falbh tro fheachd eile a' sgochadh is a' sgoradh leis na claidheamhan-mòra aca 's a' clonadh air falbh beugaileidean an nàimhdean leis na targaidean, na sgiathan beaga, aca. Cha b' urrainn dha Cope na fir aige ath-bhrosnachadh agus b' fheudar dha cùlachadh gu Bearaig.

Thug Teàrlach òrdugh dha na lighichean aige cùram a thoirt do gach saighdear leònte an dèidh a' bhlàir. Agus dh'àithn e gun a bhith a' dèanamh gàirdeachas poblach ri linn na buaidh. Bha am prionnsa san làn-bheachd gun robh gach saighdear na ìochdaran athar ge be dè an taobh air an robh iad a' sabaid.

## **Dealbh de phrionnsa**

Còig bliadhna mus tàinig am Prionnsa Teàrlach a dh'Alba, thug Diùc Pheairt fèileadh dha mar thìodhlac. Chuir Teàrlach an t-èideadh seo air aig càrnabhail san Ròimh ann an 1740. Sgrìobh cuideigin gun deach am prionnsa “gu bàla poblach ann an làn-èideadh Gàidhealach a dh'fhreagair air glè mhath”.

Mhìnich Diùc Pheairt do Theàrlach gun robh an t-èideadh seo na shuaicheantas cudromach dhan chùis aige 's e a' crochadh air taic is dìlseachd nan cinnidhean Albannach.

Nuair a ràinig Teàrlach Dùn Èideann, bha e follaiseach gun tug e feart do chomhairle Dhiùc Pheairt. Sgrìobh cuideigin aig an àm mun èideadh aige: “Bha èideadh Gàidhealach air... còta goirid tartain gun bhreacan, briogais mhealbhaid dhearg agus bòtannan saighdeir; bonaid ghorm... agus Rionnag Òrdugh Naomh Anndra air a bhroilleach.”

Nuair a bha am prionnsa ann an Dùn Èideann, chaidh gairm air Ailean Ramsay is iarraidh air a phortraid a pheantadh. San dealbh seo, tha èideadh cùirte Eòrpach air Teàrlach agus rionnag Òrdugh a' Ghartain. Tha an t-òrdugh seo coisrigte do Naomh Seòras, pàtran-naomh Shasainn. Tha e follaiseach gun robh an dealbh airson brosnachadh a thoirt dhan luchd-taice aige ann an Sasainn agus san Roinn Eòrpa.

## **A' caismeachd deas**

Bha smachd aig Teàrlach air Dùn Èideann cha mhòr sia seachdainean. Chuala e gun robh an Seanailear Wade agus na feachdan aige aig a' Chaisteal Nuadh. Chùm am prionnsa 's comandairean an airm aige comhairle cogaidh 30 dhen Dàmhair, a' gabhail a-staigh Diùc Pheairt, am Morair Seòras Moireach, Morair Ailchich agus cinn-fheadhna na Gàidhealtachd.

Bha Teàrlach gu mòr airson a dhol dhan Chaisteal Nuadh is blàr a thoirt an aghaidh Wade. Ach mhol am Morair Seòras Moireach agus na cinn-fheadhna Ghàidhealach dha a dhèanamh air Carlisle ach am biodh ùine aig an luchd-taice Sasannach aca coinneachadh riutha. Dh'aontaich am prionnsa ri plana a' Mhoirich 31 dhen Dàmhair. Bha beagan nas lugha na 6,000 fir ann an arm nan Seumasach, a' gabhail a-staigh àireamh de shaighdearan Frangach is Èireannach. Bha ceithir longan Frangach air ruigsinn le airm is solar nas tràithe sa mhìos. Chaidh iad thairis air crìoch Shasainn 8 dhen t-Samhain.

Ràinig iad Carlisle 10 dhen t-Samhain. Ghèill am baile agus an caisteal còig làithean an dèidh sin. Ach bha easaonta ag èiridh eadar am prionnsa is cuid dhe na comandairean aige, gu sònraichte am Morair Seòras Moireach Ràinig iad Derby 4 dhen Dùbhlachd, dìreach 125 mìle o Lunnainn - faisg gu leòr airson ionnsaigh a thoirt.

## Ratreut

Bhathar air Diùc Cumberland, am mac as òige aig Seòras II, a ghairm air ais on chogadh ann am Flannras is chaidh iarraidh air smachd a ghabhail air feachdan Hanòbhair. Ràinig e Lunnainn 19 dhen Dàmhair. Bha Cumberland na cheannard soirbheachail san airm is e ceithir mìosan nas òige na am Prionnsa Teàrlach.

Nuair a bha e ag Derby, fhuair am prionnsa naidheachd gun robh feachdan Cumberland aig Lichfield, dìreach deas air Derby. Bha Wade a' dlùthachadh on tuath agus bha arm ga chruinneachadh air Finchley Common airson Lunnainn a dhìon. Bha Teàrlach gu mòr airson a dhol deas ged nach robh an taic o Sheumasaich Shasainn is feachdan-taice Frangach air nochdadh. Mhol na comhairlichean aige ratreut gu tuath dha. Thòisich iad air an ratreut Dihaoine 6 dhen Dùbhlachd - Dihaoine Dubh.

Bha arm nan Seumasach air Glaschu a ruigsinn aig deireadh na Dùbhlachd. Rinn iad ionnsaigh Ghàidhealach eile, a bha cho soirbheachail aig Blàr Shliabh a' Chlamhain, air arm Hanòbhair fo smachd an t-Seanaileir Henry Hawley 17 dhen Fhaoilleach aig Blàr na h-Eaglaise Brice. Ach ged a bhuannaich arm nan Seumasach, bha iad fhathast a' cùlachadh.

A dh'aindeoin na buaidh a thug iad aig an Eaglais Bhreac, bha easaonta eadar am prionnsa is na comhairlichean cogaidh aige a thaobh ro-innleachd fhathast. Fhuair na comandairean aige làmh an uachdair is lean na Seumasaich orra gu tuath. Bha am prionnsa aindeonach a' dèanamh air Inbhir Nis agus, aig a' cheann thall, Blàr Chùil Lodair.

## Cùil Lodair

Bha campa aig arm nan Seumasach 14 dhen Ghiblean aig Cùil Lodair. Bha iad airson ionnsaigh oidhche a thoirt air feachdan Cumberland, aig an robh campa aig Inbhir Narann, an oidhche ron bhlàr fhèin ach cha robh ann ach dubh-dhunach dhaibh. Bha fir a' phrionnsa sgìth 's an t-acras orra agus chaidh iad air seachran is b' fheudar dhaibh cùl a chur ris an ionnsaigh oidhche. Agus bha aca ri tilleadh a Chùil Lodair a bharrachd air sin. Cha robh ann ach sgrìob liath an earraich dhaibh.

Thug an dà thaobh coinneamh d' a chèile air Mòinteach Dhruim Athaisidh 16 dhen Ghiblean. Ged a bha am Morair Seòras Moireach agus na cinn-fheadhna Ghàidhealach dhen bheachd gum b' e seo an t-àite agus àm ceàrr airson blàr a thoirt, cha do ghèill am prionnsa. Bha na Seumasach sgìth, sa bheag-chuid agus bha an t-acras orra agus air am beulaibh bha feachd Hanòbhair a bha nas làidire agus air a dheagh-uidheamachadh is air a dheagh-ullachadh.

An dèidh dhaibh fulang gu mòr fo ionnsaigh nan gunnachan-mòra, chaidh na rèisimeidean Seumasach air adhart thairis air talamh bog agus fo ionnsaigh làidir musgaidean an nàmhad. Chaidh aig sgiath dheas arm nan Seumasach briseadh tro loidhne toisich Hanòbhair ach chaidh stad a chur orra agus am putadh air ais is iad a' call mòran shaighdearan. Nuair a thòisich eachraidh Hanòbhair air dà thaobh arm nan Seumasach a bhriseadh, thòisich na Seumasaich air an ratreut.

Cha d'fhuair an fheadhainn leònte tròcair mhòr. Chaidh iad an tòir nan saighdearan a bha a' teicheadh is mharbh iad iad air an rathad a dh'ionnsaigh Inbhir Nis. Cha b' urrainn dhan phrionnsa a' chasgairt air beulaibh a shùilean a chreidsinn agus chaidh a stiùireadh air falbh on bhlàr is e bog balbh gun do chaill an t-arm aige.

## **An dèidh a' bhlàir**

Cha robh casg air brùidealachd arm Hanòbhair dìreach an dèidh a' bhlàir agus chaidh an fheadhainn a fhuair leòn no fiù leòn-bàis an casgradh a dh'aona-ghnothaich. Choisinn Cumberland an t-ainm "Am Bùidsear" ged a chuir a dhaoine fhèin fàilte air mar an gaisgeachd a chuir sìos 'An Tagarach Òg' is an t-arm reubaltach aige.

Chruinnich an fheadhainn a theich às aig Taighean-feachd Ruadhainn, a' feitheamh stiùireadh on phrionnsa. Chuir e brath thuca aig a' cheann thall, a' toirt taing dhaibh airson an gaisgeachd is dìlseachd agus ag iarraidh orra an caomhnadh fhèin air dòigh sam bith. Bha am prionnsa na fhògarrach a-nis agus cha b' fhada gus an deach peanas mòr is cruaidh a chur air a' Ghàidhealtachd.

Chaidh an fheadhainn a shabaid às leth prionnsa nan Seumasach an làimhseachadh mar reubaltaich is traoidhtearan - chaidh 3,472 Seumasach an cur an greim, fhuair 120 binn-bhàis is chaidh 900 an cur thar sàile a dh'Ameireaga is Muir nan Caraib mar shearbhantan fo bhann. Chaidh liosta nan 240 duine a bha fo chasaid mòr-thraoidhtearachd fhoillseachadh ann an 1747. Chaidh an ceann a chur dhe na h-uaislean Seumasach a fhuair binn-bhàis. Fhuair daoine cumanta bàs traoidhteir agus chaidh an crochadh, an tarraig agus an cairtealachadh. Cha d'fhuair ach glè bheag mathanas is chaidh mu 1,300 prìosanach a leigeil mu sgaoil gun deuchainn.

## **A' sgrìos na Gàidhealtachd**

Rinn an t-arm iomairt uabhasach air a' Ghàidhealtachd a dhèanamh cinnteach nach toireadh iad taic do chùis nan Seumasach a-rithist gu sìorraidh bràth. Dh'fhàg na h-aithisgean mu am buirbeachd fiù luchd-taice Hanòbhair bog balbh.

Thug a' Phàrlamaid a-steach laghan a thug cumhachd dìola air falbh on arm agus dha na cùirtean. Chaidh Achd an Toirmisg a chur an gnìomh 1 dhen Lùnastal 1746. Bha e ag amas air crìoch a chur air cultar armailteach nan cinnidhean Gàidhealach san robh cinneadh a' cogadh airson a cheann-chinnidh 's a' faighinn fearann uaithe air a shon.

Chaidh giùlan arm agus èideadh Gàidhealach a thoirmeasg agus thug e air falbh cumhachd briteamhachd o na cinn-fheadhna Ghàidhealach. Chaidh Achd an Dì-armachaidh 1725 a chur an gnìomh gu rìghinn teann agus chaidh claidheamhan, biodagan, dagaichean is targaidean a ghlacadh. Thoirmisg Achd an Aodaich Ghàidhealaich "an t-èideadh air a bheil an t-èideadh Gàidhealach, am breacan is am fèileadh-beag. Triubhais, criosan-gualann is rud sam bith eile a bhuineas gu sònraichte dhen èideadh Ghàidhealach".

Bha Gàidheil a rinn cogadh as leth Hanòbhair an aghaidh nan Seumasach fo bhuidh nan laghan seo cuideachd. Ann am beagan mhìosan, bha cumhachd an airm agus an lagha air spionnadh mòr a chur sna gluasadan eaconamach is sòisealta a bha a' sgrìosadh seann-saoghal nan cinnidhean mar-thà.

## Fon choille

Thug am Prionnsa Teàrlach Èideard seachad còig mìosan am falach air a' Ghàidhealtachd. Cha do chuidich a h-uile duine a thachair e ris e agus cha b' e luchd-taice nan Seumasach a bha anns a h-uile duine a chuidich e. Chaidh mòran a chuidich e a chur am prìosan, air fògarrachd no gu bàs. Ach a dh'aindeoin sin cha do bhrath duine sam bith e ged a bha duais £30,000 air a cheann.

Bha Aonghas Dòmhnallach à Borghadal is a bhean Catrìona am measg a' chiad fheadhainn a chuir fàilte air nuair a ràinig e ann an 1745. Thug iad faspadh dha an oidhche mu dheireadh a bha e ann an Alba ann an 1746 cuideachd. Thug Dòmhnallach Chinnseaborg taigh dhan prionnsa is chaidh a chur an greim nas fhaide air adhart. Rinn e teicheadh à Eilean Ratharsair le taic an Dr Murchadh MacLeòid.

Chuir Fionghal NicDhòmhnaill i fhèin ann an cunnart cuideachd gus am prionnsa a chuideachadh ged nach robh i na Seumasach mòr. Chaidh a cur an greim airson an taic a thug i dha na theicheadh agus chaidh a cur gu Tùr Lunnainn. Nuair a chaidh a leigeil mu sgaoil, thill i dhachaidh is phòs i Ailean MacDhòmhnaill à Cinnseaborg. Rinn iad imrich a dh'Ameireaga agus rinn Ailean, an duine aice, cogadh às leth nam Breatannach ann an Cogadh Neo-eisimeileachd Ameireaga. Chaochail Fionghal san Eilean Sgitheanach ann an 1790.

## 9 Rìghrean thar sàile

---

### Rìghrean thar sàile

Sheòl am Prionnsa Teàrlach Èideard agus grunn dhen luchd-taice aige à Borghadal dìreach ro mheadhan-oidhche 19 dhen t-Sultain 1746 air bòrd na luinge Fhrangach L'Heureux. Ràinig iad Rosko ann an iar-thuath na Frainge deich làithean an dèidh sin.

Cha robh an call mòr aig Cùil Lodair agus na mìosan a thug e seachad fon choill air bacadh a chur air a' phrionnsa. Bha e gu mòr airson tilleadh a dh'Alba sa bhad ach cha b' urrainn dha toirt air Louis XV taic airm is airgid a thoirt dhan iomairt.

Bha e cha mhòr 60 bliadhna on a chaidh seanair Theàrlaich, Seumas VII is II a chur air fògradh. Bha cumhachd agus dùthchas nan rìghrean Seumasach air an rìgh-chathair a' crìonadh air falbh le gach deichead a dh'aom. B' fheudar dha na Stiùbhartaich air fògradh beachdadh air na rinneadh iad sna bliadhnaichean an dèidh 1746.

Bha Seumas VII is III leagte a-nis nach fhaigheadh e an crùn air ais agus fhuair e sòlas na chreideamh. Choisrig a mhac as òige, Eanraig, a bheatha dhan Eaglais Chaitligeach. Fhuair e inbhe càirdineil agus bha suim is meas aig a sheisean air. Bha an dithis aca air sòlas a lorg agus bha Seumas air leth toilichte le co-dhùnadh Eanraig. Ach dh'fhàs astar fuar eadar Teàrlach is athair agus a bhràthair. Bha e na bhriseadh-dùil mòr dha gun robh iad air a bhrathadh, mar a chunnaic esan a' chùis, agus lean e air an iomairt airson rìgh-chathair Bhreatainn na aonar.

## Tuiteam o ghràs

Ged a chaill Teàrlach Blàr Chùil Lodair, fhuair e fàilte gaisgich nuair a thill e dhan Fhraing agus bha an luchd-èisteachd nan seasamh ri bualadh-bhas san opara ann am Paras.

Bha Louis XV làn ghràsan dhan phrionnsa an toiseach ach sgìthich fhoighidinn gu luath. Dh'fhàs Teàrlach nas buaireanta is dh'iarr e air an rìgh gun toireadh e dha na goireasan airson tilleadh a dh'Alba sa bhad. Cha robh Louis am beachd iomairt eile mar seo a mhaoineachadh.

Dh'aidich Cùmhnant Aix-la-Chapelle 1748 còir Hanòbhair air crùn Bhreatainn agus cha robh fàilte ro Theàrlach san Fhraing tuilleadh. Dhiùlt e falbh agus chaidh a chur an greim le Louis agus a shadadh dhan phrìosan. Rinn e leisgeul is chaidh a leigeil mu sgaoil air cumha 's gum falbhadh e an Fhraing sa bhad.

Bha Teàrlach air allaban sna 17 bliadhna an dèidh sin. Bha cùisean a' sìor-dhol am mìosad dha. Cha robh an Fhraing - caraid as motha nan Stiùbhartach air fògarrachd - a' cur taic do chùis nan Seumasach tuilleadh agus nas mìosa fhathast, nochd athair fhèin fàbhar dha Eanraig seach dhasan.

## **Carluccio mo chridhe**

Nuair a thill Teàrlach dhan Fhraing 30 dhen t-Sultain 1746 bha e air mhìre a bhith còmhla ris a bhràthair Eanraig a-rithist. Ach dh'fhàs Teàrlach doicheallach mu chràbhachd Eanraig agus bhiodh e ga mhagadh gu tric. Rinn Eanraig air an Ròimh sa Ghiblean 1747 gun a bhith ag innse do Theàrlach mu dhèidhinn.

Fhuair Teàrlach litir o athair Seumas VIII is III beagan làithean na dèidh, “Chan eil fhios agam an cuir seo iongnadh ort, Carluccio mo chridhe, ma dh'innseas mi dhut gum faigh do bhràthair inbhe càirdineil aig toiseach an ath-mhìos”.

Cha robh fhios aig a' phrionnsa gun robh athair a' brosnachadh Eanraig Benedict na ghairm ùr agus thuirt e gun robh an naidheachd “mar bhiodag na chridhe”. Bha fios aig Teàrlach gum biodh e fada nas dorra dha crùn Bhreatainn, far an robh a' chuid as motha nam Pròstanaich, aiseag is Eanraig na chàirdineal.

Ged a rinneadh càirdineal de dh'Eanraig san Ògmhios 1747, cha deach òirneadh na shagart fhathast. Thachair sinn san t-Sultain 1748. Chuairtich e aifreann a' chiad turas sa chaibeal rìoghail beagan làithean an dèidh sin air beulaibh athar is cùirt nan Stiùbhartach. Bha am mac as òige aig Seumas, am Prionnsa Eanraig Benedict, na phrionnsa san Eaglais Chaitligeach a-nis.

## **Clementina, Charlotte agus Louise**

Thòisich Teàrlach air gaolairachd san àm seo. Bha e ag òl fada cus aig amannan ach bha e stuama fad amannan fada cuideachd. Chaidh Teàrlach a Lunnainn gu dìomhair ann an 1750. Thathar ag ràdh gun do ghabh e ris a' chreideamh Phròstanach aig an àm sin airson 's gun gabhadh daoine ris nas fhasa mar rìgh Bhreatainn.

Nuair a bha e ann an Alba, thachair Teàrlach ri Clementina Walkinshaw. Thachair iad ri chèile a-rithist ann an 1752 agus bha i na leannan aige on àm sin. Shiubhail iad air feadh na Roinn Eòrpa fad ochd bliadhna agus bha nighean aca, Charlotte, a rugadh 23 dhen Dàmhair 1753.

Bha Teàrlach mì-stòlda 's fo bhuidh an dighe-làidir gu tric ach mun bhliadhna 1760, dh'fhàs e ainneartach ri Clementina. Dh'fhàg i e, a' toirt leatha Charlotte, agus dh'fhuirich a' mhàthair is a nighean ann an diofar chlocharan san Fhraing fad 12 bhliadhna. Fhuair Clementina peinnean on Seumas VIII is III agus chum Eanraig Benedict sin a' dol nuair a chaochail Seumas ann an 1766.

Phòs am Prionnsa Louise Stolberg ann an 1772, bana-phrionnsa Ghearmailteach. Cha robh clann aca agus mar a rinn Clementine, dh'fhàg Louise e ri linn a ghiùlain ainneartaich.

Ged nach do dh'aidich e a nighean Charlotte roimhe, rinn iad rèiteachadh beagan bhliadhnaichean mus do chaochail Teàrlach. Dh'aidich e Charlotte mar oighre ann an 1784 agus thug e urram Ban-dhiùc Albann dhi. Ghabh Charlotte cùram Theàrlaich gus an do chaochail e ann an 1788.

## **Bàs an rìgh**

Bha inbhe Eanraig san Eaglais Chaitligeach a' toirt toileachas mòr dha athair ro-chràbhach. Fhad 's a bha Eanraig ag èirigh san t-saoghal, cha b' urrainn do Theàrlach ach bruid mar a bhiodh cùisean nam biodh e air crùn nan trì rìoghachdan a ghlacadh.

Chaochail Seumas VIII is III aig Palazzo del Re san Ròimh 1 dhen Fhaoilleach 1766. Chaidh innse do Theàrlach gun robh athair a' bàsachadh ach ràinig e an Ròimh trì seachdainean an dèidh a bhàis. Thachair iad ri chèile ann an 1744 an turas mu dheireadh. Ged nach robh iad dlùth, bha co-sgrìobhadh nas trice eadar am prionnsa is athair ro bhàs.

Cha robh dùil aig a' Phrionnsa Teàrlach Èideard tuilleadh ri taic on Fhraing no on Spàinnt. Ach nan robh ùghdarras air choireigin gu bhith aige, bha Teàrlach feumach air taic a' Phàpa, gun aidicheadh e e mar rìgh dligheach Bhreatainn. Bha feabhas air tighinn air cùisean eadar Teàrlach agus Eanraig thairis air na bliadhnaichean agus ghuidh Eanraig air a' Phàpa às leth a bhràthar, gun aidicheadh e e mar Theàrlach III, ach cha do shoirbhich leis.

Dh'aidich am Pàpa Clement XIII Taigh Hanòbhair mar riadhladairean dligheach Bhreatainn is na h-Èireann 14 dhen Fhaoilleach.

## **Suaicheantasan taice**

Bha glainneachan-fìona an teis-mheadhan gnàthasan dìomhair nan clubaichean agus comainn Sheumasach. Chuir caraidean earbsach an cèill an dìlseachd do rìgh-shliochd nan Stiùbhartach ann is iad ag òl deoch-slàinte “an rìgh thar sàile”. Chumadh iad glainne-fìona os cionn bobhla uisge a bha a’ riochdachadh na mara a bha eadar na Seumasaich agus an rìgh fògarrach aca. Aig toiseach na 18mh linn, bha e na eucoir mhòr deoch-slàinte an “Tagaraich” òl agus bha cunnart càin no fiù prìosain ann.

Bha suaicheantas is comharran dìomhair gràbhailte air na glainneachan, gu tric ann an Laideann, a chuir taic rùin dha na Stiùbhartaich. Bha mòran dhiubh an cur an cèill gun robh iad an dùil gun rachadh an rìgh-shliochd fògarraidh aiseag gu luath. Bha na leanas cumanta –

Radiat – Tha e a’ dealradh

Radeat – Gun tilleadh e

Rede – Till

Reditti – Aisig

Bha an ròs bàn na shuaicheantas cumanta cuideachd is e a’ riochdachadh Seumas VIII is III agus dà ghucag, a’ riochdachadh an dà phrionnsa – gucag nas motha ’s fhosgailte do Theàrlach Èideard agus gucag dhùinte do dh’Eanraig Benedict. Bha suaicheantasan is briathran-suaicheantais Seumasach air gaotharain, seòid is bogsaichean snaoisein gu tric cuideachd – rudan pearsanta nach toireadh tu ach do charaidean dhen aon dream.

## Dàimhean rìoghail

Thòisich an rèiteachadh eadar na Stiùbhartaich air fògradh agus monarcan Hanòbhair mean air mhean aig deireadh na 18mh linn. Cha robhar dhen bheachd tuilleadh gun robh rìghrean Seumasach agus an luchd-taice aca nan cunnart do mhonarcachd Bhreatainn. Bha Teàrlach air caochladh ann an 1788 agus cha do rinn Eanraig, ged a chaidh aideachadh mar Eanraig IX leis na Seumasaich, tagradh sam bith air an rìgh-chathair.

Chaill Eanraig an teachd a-steach on t-seilbh aige san Fhraing an cois Rèabhaid na Frainge. Agus chaill e a dhachaidh san Eadailt aige ann am Frascati. Nuair a chuala Seòras III mun staing san robh ionmhas Eanraig, thug e peinnsean dha. Thuirt Eanraig gum b' e seo dìoladh fìor-fhadalach oir, ged a gheall iomadh riaghaltas Bhreatainn seo, cha deach tochradh a sheanmhar, Màiri à Modena, a phàigheadh dha na Stiùbhartaich air fògarrachd a-riamh.

Cheannaich Seòras IV na pàipearan Stiùbhartach dha na tasglannan rìoghail. Bha ùidh mhòr aig Seòras agus a bhràthair, Diùc Sussex, sna Seumasaich agus chuir iad èideadh Gàidhealach orra cho tràth ri 1789. Bha dàimh aig a' Bhanrigh Victoria dhan rìgh-shliochd thar sàile cuideachd, gu ìre ri linn a gràidh air a' Ghàidhealtachd, is thuirt i gun robh “fuil nan Stiùbhartach nam chuislean”.

Eadar Taigh Hanòbhair agus Taigh Windsor an-diugh, chaidh obair-ealain fhìnealta is sgeadachail a tha co-cheangailte ris na Stiùbhartaich thar sàile a cheannach dhan Chruinneachadh Rìoghail.